



# Sgeul a' Chòirneil Gardiner

**Tha Èardsaidh, an t-seann shearbhant aig Gardiner, na shuidhe an tac an teine ag aithris air a chuimhneachain mu Mhaighstir, an Còirneal Gardiner.**

Ma thàinig thu gam robaigeadh, chan eil dad air fhàgail ach na snàithleanan seo sa bheil mi nam shuidhe. Tha thu ro fhadalach – thàinig cuid eile an seo romhad. Fuirich thusa a-nis. Seadh, chì mi a-nis thu. Cha tusa fear dhe na balaich sin às a cheann a tuath, an e, le do chainnt fhiadhaich agus d' èideadh eagalach. Chan e? Uill, socraich do chnàmhan, tha sinn sàbhailte gu leòr an seo. Dh'fhaodadh gu bheil mo fhradharc dona ach aithnichidh mi aodann a tha càirdeil seach fear a tha nàimhdeil. Bidh na bàird aca a' seinn mun seo a dh'aithghearr, tha mise ag ràdh riut, shuas an sin sa cheann a Tuath. Aidh, agus bidh na fir Ghàidhealach sin a' seinn sa bhaile-mhòr a-nochd fhad 's a tha muinntir ghasta Dhùn Èideann a' lìonadh an cupannan. Bidh, na dearbh dhaoine a bha dìreach o chionn làithean ag èigheach "Rìgh Seòras! Rìgh Seòras!" Uill, a-nis cha bhi ann air fad ach "Beannachd Dhè air an Rìgh Seumaidh!" agus "Fàilte a Theàrlaich!" Tud! Ach cuiridh mise geall nach bi seinn sam bith a' dol ann am Bearaig a-nochd, 's iad a' cur glas dhùbailte air na geataichean. Agus cha bhi seinn an seo nas mò, cha bhi agus am maighstir air falbh. O, am maighstir, air a dhol gu shuaimhneas leis an Tighearna. Chan fhaic an taigh seo a leithid a-chaidh tuilleadh. Ma tha beagan mhionaidean agad, nach toilich thu seann duine agus èist ri sgeulachd bhrìoghmhor: sgeul an deagh Chòirneil Gardiner à Taigh Bankton.

An Còirneal Seumas Gardiner. Cha robh duine a-riamh cho airidh air a bhith na shaighdear: sia troghean no còrr, guailnean leathan, agus fìor ghiùlain gaisgeil uasal. Mus d' ràinig e ochd bliadhna a dh'aois, bha a mhàthair air toirt thairis leis. Ghabh e pàirt ann an còmhrag-dithis trì tursan mus do dh'fhàs e mòr agus bha na lotan aige a' dearbhadh sin. Aig aois ceithir bliadhna deug, bha e na adhbhar pròise dha athair agus choisinn e a' chiad rang aige san arm. Aig aois ochd bliadhna deug, loisg na Frangaich ball tro a bheul agus dh'fhàg iad e mar gun robh e marbh. Ach thàinig feabhas air, air altram leis na mnathan cràbhach a chunnaic làmh Dhè na shaoradh. Ann an 1715, thàinig e dhachaigh a thoirt buaidh air na Seumasaich a bha air èirigh ann an ar-a-mach an aghaidh an rìgh ùir, an Rìgh Seòras. Thug e ionnsaigh làidir air na crainn bacaidh ann am Preston, fhad 's a bha saighdearan a' tuiteam mun cuairt air agus e gan cur nan teine. Agus cha d' fhuair saighdear de a chliù a-riamh uimhir de thlachd às a bhuaidh! B' e "An Ràcan Toilichte" a bh' aca air, agus nuair a chaidh e do dh'ambasaid na Frainge bha na leididhean ann am Paris gu mòr an cunnart bho a gheasan!

Ach an uair sin, dh'atharraich a h-uile nì. Tha fuaimean a' phàrtaidh a' sioladh air falbh; tha Gardiner a' feitheamh ris an leannan as ùire aige. Tha e a' cur seachad na tìde, a' togail leabhar air a shocair: *The Christian Soldier*. Tha e a' leughadh. Gu h-obann, tha brùchdadh solais ann! Tha ìomhaigh Ìosa Crìosd a' nochdadh air a' chrann-ceusaidh agus tha guth ag èigheach a-mach ann an ceann Gardiner: "Faic mo lotan! An e seo duais m' fhuilangais!" Air a chlaoidh le nàire airson a dhòighean peacach, tha Seumas Gardiner na dhuine atharraichte. Bidh e mar mhodail den t-Saighdear Chrìosdail: ceannsaichte, dealasach, trom-chuiseach agus diadhaidh. Tha sìth a' toirt a' mhaighstir dhachaigh gu pòsadh math gaolach leis a' Bhean Uasal Frances Erskine, nighean iarla. Chaidh dà bhliadhna dheug seachad, tha iad a' ceannach an taighe ghrinne seo ann am Bankton - Olivestob a chanaist ris roimhe sin. Agus tha iad a' togail dachaigh thoilichte còmhla, a' giùlain bròn chloinne a chaill iad

còmhla ris na beannachdan an lùib chloinne a thàinig gu ìre. O chionn dà bhliadhna agus an cogadh san Roinn Eòrpa a' bagairt uair eile, tha an Còirneal còir a' faotainn ceannas air an rèisimeid aige fhèin – na 13<sup>mh</sup> Dragùn! O, tha mi gam faicinn an-dràsta, a' dol seachad ann an ath-sgrùdadh fo a shùil gheur, a' mothachadh do gach bucall, gach crios, gach claidheamh agus gach dìollaid a tha a' dìosgail. An uair sin thàinig an gille bàn tarsainn an uisge.

Mharcaich an Còirneal treun againn – tinn 's mar a bha e agus na 57<sup>mh</sup> bliadhna – don chogadh airson an uair mu dheireadh. Bha fios aige gun robh am bàs a' teachd agus dh'fhàg e a theaghlach ann an cùram Stirling. Bha e a' bruidhinn gu saor-thoileach mun deireadh agus fios aige gun robh e dlùth: "Chan eil agam ach aon bheatha airson a h-iobairt dom dhùthaich," thuirt e. Agus bha e ceart. Thàinig an t-arm an-dè agus bha sinn an dùil gur dòcha gum fuiricheadh an Còirneal aig fois na leabaidh fhèin, mar thoradh air a shlàinte. Ach chan fhanadh e aig fois, leis an nàmhaid cho faisg air làimh 's gum b' urrainnear am faicinn bho na dearbh uinneagan sin! Cha robh fios againn air càil mun bhatal agus an tug sgal nan canan crathadh oirnn, agus tàirneanach nan làdach a lean sin. Bha an t-achadh na bhoil de dh'eagal 's de theicheadh! Bhreis na h-eich a-mach tro na bancaichean de cheò, a' teicheadh mar bhrathadairean seachad air an taigh. Phut mise troimhe agus an uair sin chunnaic mi e an sin, a' brosnachadh a shaighdearan air ais don t-sabaid. Ach bha na saighdearan Gàidhealach nam measg a-nis, le an èighidhean fhiadhaich agus an claidheamhan gleansach a' cuairteachadh, ach bu shuarach dhaibh. Thuit an Còirneal ann an stoirm de losgadh is lannan, a bhodhaig air a reubadh leis an uiread de lotan, a cheann air a bhualadh le làmh-thuadh mhòr Loch Abair. Bu truagh sin! An duine aibheiseach sin air a thoirt gu talamh agus air fhàgail an sin, fon chraoibh dhrisean shòlamaichte aonaranach sin. Theich mise an uair sin, agus tha mi air fuireach air falach on uair sin. Thug searbhannt eile an naidheachd dhomh, mar a lorg e am maighstir fon chraoibh 's gun ach an deò air fhàgail ann. Thug e ann an cairt e gu Tranent, far an tugadh cofhurtachd dha chun an deiridh.

A thaobh taigh uasal Gardiner, bha e a-nis bun-os-cionn. A phàipearan air an sgapadh thall 's a-bhos fo bhrògan Gàidhealach agus na h-ùrlaran air an smaladh le fuil. Tha na Reubaltaich a' toirt nas urrainn dhaibh a ghluasad de leòintich an seo – cuid aca na balaich aca fhèin ach tha a' mhòr-chuid ann an èideadh sgàrlaid an Rìgh Seòras. Tha na lannsairean air a thighinn bhon bhaile-mhòr agus tha an taigh làn de chràdh a tha cus don t-seann chridhe seo a ghiùlain. Aidh, mar sin tha thu nas fheàrr fuireach an seo, gun a dhol nas fhaide. Tha iad ag ràdh gun do ghiùlain na Gàidheil sin iad fhèin mar dhaoine uasal fo shùilean a' Phrionnsa, ach tha e air falbh a chomharrachadh a shoirbheachas a-nis agus chan eil fios dè dh'fhaodadh tachairt.

O, gu bheil e mar seo a-nis! A leithid de mhaighistir a chall, Alba uile fhaicinn air a call ann an dòrlach de mhionaidean! Mar a rinn sinn tàir air a' Phrionnsa seo agus air an fheachd de dh'eucoraich aige. Mar a tha sinn a' faicinn ar coire a-nis, agus an neart acasan. Agus leis a' mhaighistir air falbh agus feachd an t-Seanalair air an sgapadh, cò as urrainn stad a chur orra? Tha am batal air gach nì atharrachadh. Mar sin, fuirich greis mas e sin do thoil, ged a tha mise air gu leòr a ràdh an-dràsta, no dèan do shlighe dhachaigh gu faiceallach. Ach nuair a dh'fhalbhas tu thoir an sgeul seo leat, oir cha dhìochuimhnich am baile seo gu bràth an Còirneal Gardiner gaisgeil à Taigh Bankton...

